

## Annas a' bhùth Activity

### Inbheach agus leanabh

Can ris an leanabh, 'Dèan thusa mar a tha mise a' dèanamh'. Suidh air an làr 's do chasan sìnte a-mach air do bheulaibh. Gluais do chasan bho thaobh gu taobh ris a' cheòl nuair a tha thu a' seinn. Thoir gnogag air do chasan nuair a tha thu a' seinn 'Fhuair mi brògan ùr an-diugh'. Lean ort mar a bha thu gus an ruig thu an loidhne 'Seall cho spaideil 's a tha mi' agus sgaoil a-mach do ghàirdeanan a dh'ionnsaigh nam brògan ùra. Lean ort san aon dòigh, a' comharrachadh gach bad aodaich ùr aig deireadh gach rann. San dàrna rann, thoir gnogag air do chasan ris a' cheòl airson 'briogais ùr'. Thoir gnogag air do bhroilleach airson 'lèine ùr' agus air do ghuaillnean airson 'còta ùr'.

### Adult and child

*Sit on the floor with your legs stretched out in front of you. Move your feet from side to side in time to the music as you sing. Try to tap your feet as you sing 'Fhuair mi brògan ùr an-diugh'. Continue as before until you sing the line 'Seall cho spaideil 's a tha mi' when you can open your arms out towards your new shoes. Continue in the same way gesturing towards the new item of clothing at the end of every verse. For the second verse, tap your legs in time to the music for 'briogais ùr'. Tap your chest for 'lèine ùr' and tap your shoulders for 'còta ùr'.*

### Gnìomh buidhne

Dèanaibh cearcall. Suidhibh air an làr 's ur casan sìnte a-mach air ur beulaibh. Gluaisibh ur casan bho thaobh gu taobh ris a' cheòl nuair a tha sibh a' seinn. Thoiribh gnogag air ur casan nuair a tha sibh a' seinn 'Fhuair mi brògan ùr an-diugh'. Leanaibh oirbh mar a bha sibh gus an ruig sibh an loidhne 'Seall cho spaideil 's a tha mi' agus sgaoilibh a-mach ur gàirdeanan a dh'ionnsaigh nam brògan ùra. Leanaibh oirbh san aon dòigh, a' comharrachadh gach bad aodaich ùr aig deireadh gach rann. San dàrna rann, thoiribh gnogag air ur casan ris a' cheòl airson 'briogais ùr'. Thoiribh gnogag air ur broilleach airson 'lèine ùr' agus air ur guailnean airson 'còta ùr'.

### Group Activity

*Make a circle. Sit on the floor with your legs stretched out in front of you. Move your feet from side to side in time to the music as you sing. Try to tap your feet as you sing 'Fhuair mi brògan ùr an-diugh'. Continue as before until you sing the line 'Seall cho spaideil 's a tha mi' when you can open your arms out towards your new shoes. Continue in the same way gesturing towards the new item of clothing at the end of every verse. For the second verse tap your legs in time to the music for 'briogais ùr'. Tap your chest for 'lèine ùr' and tap your shoulders for 'còta ùr'.*

## Bodach beag annasach - Activity Ideas

### Inbheach agus leanabh

Dèan dealbh den 'bhodach beag annasach' còmhla ris an leanabh mus seinn thu an t-òran. Cleachd na faclan airson an dealbh a dhèanamh. Nuair a tha thu a' seinn, comharraich an t-aodach eadar-dhealaichte anns an dealbh. Èist a-rithist ach an turas seo cuir an dath ceart dhan dealbh mar a tha air a mhìneachadh san òran – bonaid uaine, seacaid dhearg, putanan òir 's m.s.a.a. Seinn an t-òran a-rithist còmhla ris an leanabh ach tog suas peann air a bheil an dath ceart mar a tha na dathan air an ainmeachadh san òran. Dèan cinnteach gu bheil na mullaich air na pinn!

### Adult and child

*Draw a picture of the 'bodach beag annasach' together before you sing the song, basing your drawing on the words. Point to the names of the clothes as you sing about them. Listen again but this time colour in his clothes as described in the song such as a green bonnet, red jacket, gold buttons etc.*

*Sing the song again together and hold up the correct coloured pen as they are mentioned. Make sure the pen lids are on!*

### Gnìomh buidhne

Seinn an t-òran, a' balbh-aithris an aodaich eadar-dhealaichte a tha air ainmeachadh anns gach rann. Suidhibh a' chlann ann an cearcall. Cuir aodach ann am meadhan a' chearcaill. Coisich timcheall a' chearcaill agus cuir do làmhan air guailnean aon leanabh às dèidh dhut a' chiad rann a sheinn. Bu chòir an leanabh a dhol dhan mheadhan agus a h-uile pìos aodaich a chur orra ro dheireadh an òrain. Tòisich a' seinn a-rithist agus iarr air an leanabh coiseachd timcheall a' chearcaill. Feumaidh iadsan cuideigin eile a thaghadh a chuireas orra an t-aodach.

### Group Activity

*Practise singing the song, miming the clothes mentioned in each verse. Sit in a circle and place a pile of dressing up clothes in the middle. Walk around the circle and tap one child on the shoulder after you have completed singing the first verse. The child should go to the middle and try to get all the clothes on before the end of the song. Sing again and ask the same child to walk around the circle. They should then choose a different child to dress up after the first verse.*

Song and activity from Òrain na Cloinne Bige (e-stòras)

## Cuir ort do stocainnean mar seo Activity

### Inbheach agus leanabh

Suidhibh air an làr còmhla, gun ur stocainnean no ur brògan oirbh. Airson a' chiad rann, cuiribh oirbh ur stocainnean còmhla nuair a tha sibh a' seinn 'Cuir ort do stocainnean mar seo'. Airson an dàrna rann cuiribh oirbh ur brògan agus dùinibh iad nuair a tha sibh a' seinn 'Cuir ort do bhrògan 's dùin iad'.

### Adult and child

*Sit on the floor together with your socks and shoes off. For the first verse, put on your socks together as you sing 'Cuir ort do stocainnean mar seo'. For the second verse put on your shoes and fasten them as you sing 'Cuir ort do bhrògan 's dùin iad'.*

### Gnìomh buidhne

Suidhibh air an làr ann an cearcall, 's ur casan sìnte a-mach air ur beulaibh. Dèanaibh mìm de bhith a' cur oirbh ur stocainnean nuair a tha sibh a' seinn a' chiad rann. Breabaibh sàilean ur brògan gu socair air an làr ris a' cheòl nuair a tha sibh a' seinn an dàrna rann.

### Group Activity

*Sit in the floor in a circle with your feet stretched out in front of you. Mime an action for putting on your socks as you sing the first verse. Tap the heels of your shoes onto the floor in time to the music as you sing the second verse.*

## Dè thèid air mo cheann - Activity

### Inbheach agus leanabh

Can ris an leanabh, 'Dèan thusa mar a tha mise a' dèanamh. Gluais do làmhan, tè mu seach, a' toirt gnogag air bàrr do chinn ris a' cheòl nuair a tha thu a' seinn a' chiad rann. Airson an dàrna rann, den mìm airson a' cur ort ad aig 'Bonaid air mo cheann' agus dèan mìm airson a' cur ort bhrògan aig 'Brògan air mo chasan'. Cuir an ìre gu bheil thu a' cur ort do chòta nuair a tha thu a' seinn 'Seacaid agus còt'. Smèid mar gu bheil thu a' fàgail cuideigin nuair a tha thu a' seinn 'Mus fhalbh mi sa mhadainn'.

### Adult and child

*Move your hands one at a time tapping the top of your head in time to the music as you sing the first verse. For the second verse, mime putting on a hat for 'Bonaid air mo cheann' and mime putting shoes on your feet for 'Brògan air mo chasan'. Pretend to put on your coat as you sing 'Seacaid agus còt'. Wave goodbye as you sing 'Mus fhalbh mi sa mhadainn'.*

### Gnìomh buidhne

Seasaibh ann an cearcall mu choinneamh caraid. Buailibh ur làmhan fhèin agus an uair sin làmhan ur caraid, ris a' cheòl, airson a' chiad rann. Airson an dàrna rann, fuirichibh mu choinneamh ur caraid agus thoiribh gnogag air ur ceann fhèin nuair a tha sibh a' seinn 'Bonaid air mo cheann'. Stampaibh ur casan airson 'Brògan air mo chasan'. Paisgibh ur gàirdeanan air ur broilleach agus thoiribh gnogag orra nuair a tha sibh a' seinn 'Seacaid agus còt'. Aig deireadh an òrain coisichibh seachad air ur caraid an taobh a tha sibh a' coimhead agus gheibh sibh caraid ùr. Gabhaibh an t-òran a-rithist agus dèanaibh mar a rinn sibh roimhe.

### Group Activity

*Stand in a circle facing a partner. Clap your own hands together and then clap your partners hands in time to the music for the first verse. For the second verse, continue to face your partner and tap your own head as you sing 'Bonaid air mo cheann'. Stamp your feet for 'Brògan air mo chasan' and tap your arms by crossing your arms across your chest for 'Seacaid agus còt'. At the end of the song walk past your partner in the direction you are facing and you will have a new partner. Continue as before and sing the song again from the beginning.*

## Seo mi an-dràsta a' cur mo gheansaidh orm - Activity

### Inbheach agus leanabh

Cuir geansaidh, stocainnean, còta, sgarfa agus miotagan ann am basgaid no ann am bogsa air do bheulaibh. Gabh an t-òran agus iarr air an leanabh am bad aodaich ceart a thaghadh airson gach rann. Bidh spòrs agaibh a' cur oirbh an aodaich fhad 's a tha sibh a' seinn.

### Adult and child

*Place a jumper, socks, coat, scarf and gloves in a laundry basket or box in front of you. Sing the song and encourage your child to choose the correct item of clothing for each verse. Dress up and have fun as you sing along.*

### Gnìomh buidhne

Iarr air a' bhuidheann smaoineachadh air dè an t-aodach a bhios a dhìth orra air latha fuar. Suidhibh ann an cearcall. Cuir na badan aodaich a tha air an ainmeachadh san òran ann am bogsa agus cuir am bogsa ann am meadhan a' chearcaill. Tagh cuideigin a tha airson an t-aodach gu lèir a chur orra fhad 's a tha càch a' gabhail an òrain. An urrainn dhaibh an t-aodach gu lèir a chur orra mus bi an t-òran deiseil? An uair sin tagh cuideigin eile a tha airson a dhèanamh agus tòisich a-rithist.

### Group Activity

*Ask the group to consider the types of clothes they will need for a cold day. Sit in a circle. Place all the items mentioned in the song into a box and place the box in the middle of the circle. Choose a volunteer to dress up in all the clothes as the others sing the song. Can the volunteer get all the clothes on before the song has been sung? Choose a new volunteer and begin again.*

## Splis! Splais! - Activity Ideas

### Inbheach agus leanabh

Buail do bhoisean dà thuras nuair a tha thu a' seinn 'Splis! Splais! No cuidich an leanabh le bhith a' bualadh am boisean. Mas fhìor gu bheil thu a' cur ort an aodaich mar a th' anns an òran. Gu socair, coisich do chorragan suas agus sìos gàirdean an leanabh nuair a tha thu a' seinn 'Piotair, patair, piotair, patair'. Gnog do chorragan gu socair, air ur cinn fhad 's a tha thu a' seinn 'Tha an t-uisge air an talamh'.

### Adult and child

*Clap your hands together twice in time as you sing 'Splis! Splais!' Or clap hands with your child. Mime putting on the clothes described in the song as they are mentioned. Walk your fingers lightly up and down your child's arm as you sing 'Piotar, patair, piotair, patair'. Tap your fingers softly on your heads as you sing 'Tha an t-uisge air an talamh'.*

### Gnìomh buidhne

Bruidhinn mun aodach a dh'fheumas sibh airson diofar sheòrsaichean aimsir. Feuch gun cleachd thu an t-aodach a tha anns an òran. Suidhibh le caraaid mur coinneimh an taobh a-staigh cearcall. Buailibh boisean le ur caraaid airson a' chiad 'Splis' agus buailibh ur glùinean fhèin airson 'Splais!' Breabaibh ur casan nuair a tha sibh a' seinn 'Cuir ort do bhòtannan'. Gnogaibh air ur ceann airson 'Cuir ort do bhonaid' agus buailibh ur boisean a-rithist airson 'Cuir ort do mhiotagan'. Gluaisibh ur corragan a-null 's a-nall nuair a tha thu a' seinn 'piotair patair'. Tòisich gu h-àrd agus gluais do chorragan sìos a' leantainn pitse an òrain.

### Group Activity

*Discuss the type of clothes you will need for different types of weather. Try to include the clothes used in the song. Sit in pairs facing a partner within a circle. Clap hands with your partner for the first 'Splis!' and clap your own knees for the 'Splais!' Tap your feet when you sing 'Cuir ort do bhòtannan' Tap your head for 'Cuir ort do bhonaid', shoulders for 'seacaid' and clap your hands for 'miotagan'. Wiggle your fingers up and down in front of you as you sing 'piotair patair.' Move from a high to low position, following the pitch of the song.*

*Song and activity from Òrain na Cloinne Bige (e-stòras)*

## Teadaidh beag activity

### Inbheach agus leanabh

Tagh an teadaidh as fheàrr leis an leanabh agus suidh leis an leanabh agus an teadaidh air do ghlùin. Bunsraig an teadaidh suas agus sìos air glùin an leanabh nuair a tha thu ag aithris a' chiad rann. Falaich an teadaidh air do chùlaibh nuair a tha thu ag ràdh 'Cà' bheil thu?' Còmhla ris an leanabh, bunsraig an teadaidh suas agus sìos mar a rinn thu roimhe airson an dàrna rann. Tionndaidh an teadaidh timcheall gu luath nuair a tha thu ag ràdh 'Dè chuireas mi orm?' Lean ort mar a rinn thu roimhe airson an treas rann gus an ruig thu an loidhne mu dheireadh. Glac an leanabh teann thugad nuair a tha thu a' seinn 'Mo ghaol ort, a luaidh!'

### Adult and child

*Sit with your child on your knee and choose a favourite teddy. Jump the teddy up and down on your child's knee as you say the first verse. Hide the teddy behind your back as you say 'Cà' bheil thu?' Together, jump the teddy up and down as before for the second verse. Make the teddy spin around as you say 'Dè chuireas mi orm?' Continue as before for the third verse until the last line. Give a hug as you say 'Mo ghaol ort, a luaidh!'*

### Gnìomh buidhne

Suidhibh ann an cearcall. Faigh teadaidh agus thoir air a' chloinn a chur timcheall a' chearcaill nuair a tha sibh ag aithris an rann. Cumaibh oirbh mar seo gus an ruig sibh an loidhne mu dheireadh. Ge bith cò aig a tha an teadaidh aig an deireadh, faodaidh iad a ghlacadh teann thuca nuair a tha sibh ag ràdh 'Mo ghaol ort, a luaidh!' Tòisichibh a-rithist agus dèanaibh mar a rinn sibh roimhe.

### Group Activity

*Sit in a circle. Get a teddy and encourage the children to pass it around the circle as you say the rhyme. Continue like this until the last line. Whoever is holding the teddy at the end can give it a hug as you say 'Mo ghaol ort, a luaidh!' Begin the rhyme again as before.*

## The bonaid orm a-nis - Activity Ideas

### Inbheach agus leanabh

Thoir gnogag air do cheann nuair a tha thu a' seinn 'Tha bonaid orm a-nis'. Thoir gnogag air do chasan ris a' cheòl nuair a tha thu a' seinn 'Tha brògan orm a-nis'. Thoir gnogag air do ghualnean nuair a tha thu a' seinn 'còta' agus thoir gnogag air do chasan nuair a tha thu a' seinn 'stocainnean'.

### Adult and child

*Tap your head as you sing 'Tha bonaid orm a-nis'. Tap your feet in time to the music as you sing 'Tha brògan orm a-nis'. Tap your shoulders as you sing 'còta' and tap your legs as you sing 'stocainnean'.*

### Gnìomh buidhne

Airson a' ghnìomh seo feumaidh tu grunn adan. Suidhibh a' chlann ann an cearcall. Cuiribh an ad timcheall a' bhuidhinn. Feuchaibh ri cumail ris a' bhuille. Nuair a tha sibh air crìoch a chur air an òran, tha an neach aig a bheil an ad ga cur orra.

Tòisichibh an t-òran a-rithist, a' cur ad eile timcheall a' bhuidhinn gus nach bi ad air fhàgail. Is e an neach a tha a' buannachadh an neach aig a bheil an àireamh as lugha de dh'adan.

### Group Activity

*For this game you will need a number of hats. Sit in a circle and pass one hat round the group. Try to pass it on the beat. When you have finished the song, the last person holding the hat should wear it. Continue with the game, passing a hat around the group until you run out of hats. The winner is the person who is wearing the least number of hats.*

*Song and activity from Òrain na Cloinne Bige (e-stòras)*



## Tha mo chòta bog fliuch - Activity

### Inbheach agus leanabh

Seasaibh mu choinneamh a chèile. Can ris an leanabh 'Dèan thusa mar a tha mise a' dèanamh'. Paisg do ghàirdeanan air do bhroilleach agus thoir gnogag air do ghàirdeanan led làmhan, ris a' cheòl, fhad 's a tha thu a' seinn 'Tha mo chòta bog fliuch'. Thoir gnogag air do bhrògan 's air do chasan nuair a tha thu a' seinn mun deidhinn. Cuir an ìre gu bheil thu a' leum ann an lòn nuair a tha thu a' seinn 'Fliuch leis an uisge'. Airson an dàrna rann, an àite a bhith a' toirt gnogag ort fhèin, gluais do làmhan gu luath mar gu bheil thu a' tiormachadh rudeigin, airson gach loidhne. Cuir an ìre gu bheil thu a' blàthachadh do làmhan ri stòbha nuair a tha thu a' seinn na loidhne mu dheireadh 'Tiormaich aig an stòbh iad'.

### Adult and child

*Stand up facing each other. Cross your arms across your chest and tap your arms with your hands in time to the music as you sing 'Tha mo chòta bog fliuch'. Continue to tap your shoes and feet as you sing about them. Pretend to jump in a puddle as you sing 'Fliuch leis an uisge'. For the second verse, instead of tapping yourself, move your hands quickly in a drying motion for each line. Pretend to warm your hands at a stove as you sing the last line 'Tiormaich aig an stòbh iad'.*

### Gnìomh buidhne

Seasaibh ann an cearcall. Paisgibh ur gàirdeanan air ur broilleach agus thoiribh gnogag air ur gàirdeanan le ur làmhan, ris a' cheòl, fhad 's a tha sibh a' seinn 'Tha mo chòta bog fliuch'. Thoiribh gnogag air ur brògan 's air ur casan nuair a tha sibh a' seinn mun deidhinn. Cuiribh an ìre gu bheil sibh a' leum ann an lòn nuair a tha sibh a' seinn 'Fliuch leis an uisge'. Airson an dàrna rann, an àite a bhith a' toirt gnogag oirbh fhèin, gluaisibh ur làmhan gu luath mar gu bheil sibh a' tiormachadh rudeigin airson gach loidhne. Cuiribh an ìre gu bheil sibh a' blàthachadh ur làmhan ri stòbha nuair a tha sibh a' seinn na loidhne mu dheireadh 'Tiormaich aig an stòbh iad'.

### Group Activity

*Stand in a circle. Cross your arms across your chest and tap your arms with your hands in time to the music as you sing 'Tha mo chòta bog fliuch'. Continue to tap your shoes and feet as you sing about them. Pretend to jump in a puddle as you sing 'Fliuch leis an uisge'. For the second verse, instead of tapping yourself, move your hands quickly in a drying motion for each line. Pretend to warm your hands at a stove as you sing the last line 'Tiormaich aig an stòbh iad'.*

## Thoir dhìot do chòta - Activities

### Inbheach agus leanabh

Can ris an leanabh, 'Dèan thusa mar a tha mise a' dèanamh.' Airson rann 1, seas agus tog do làmhan os cionn do chinn. Gluais do chorragan suas agus sìos agus gluais do ghàirdeanan sìos nuair a tha thu a' seinn 'Tha e fliuch a-muigh an-diugh'. Leum suas is sìos nuair a tha thu a' seinn 'A' splaiseadh anns na lònintean'. Crath do ghàirdeanan a-mach bhuaht ris a' cheòl nuair a tha thu a' seinn 'Tha mo chòta fliuch a-nis'. Breab do chasan a-mach bhuaht nuair a tha thu a' seinn 'Tha mo bhrògan fliuch a-nis'. Cuir an ìre gu bheil thu a' fàisgeadh do stocainnean nuair a tha thu a' seinn 'Tha mo stocainnean fliuch a-nis'. Smèid ri chèile gach uair a sheinneas tu 'Thig a-steach 's thoir dhìot iad'.

### Adult and child

*For verse 1 stand up and raise your hands above your head. Wiggle your fingers and move your arms downwards as you sing 'Tha e fliuch a-muigh an-diugh'. Jump up and down as you sing 'A' splaiseadh anns na lònintean'. Shake your arms away from your body in time to the music as you sing 'Tha mo chòta fliuch a-nis'. Kick your feet out away from you body as you sing 'Tha mo bhrògan fliuch a-nis'. Pretend to wring out your socks as you sing 'Tha mo stocainnean fliuch a-nis'. Beckon each other with your hands every time you sing 'Thig a-steach 's thoir dhìot iad'.*

### Gnìomh buidhne

Seasaibh ann an cearcall. Airson rann 1, togaibh ur làmhan os cionn ur cinn. Gluaisibh ur corragan suas agus sìos agus gluaisibh ur gàirdeanan sìos nuair a tha sibh a' seinn 'Tha e fliuch a-muigh an-diugh'. Leumaibh suas is sìos nuair a tha sibh a' seinn 'A' splaiseadh anns na lònintean'. Crathaibh ur gàirdeanan a-mach bhuaibh ris a' cheòl nuair a tha sibh a' seinn 'Tha mo chòta fliuch a-nis'. Breabaibh ur casan a-mach bhuaibh nuair a tha sibh a' seinn 'Tha mo bhrògan fliuch a-nis'. Cuiribh an ìre gu bheil sibh a' fàisgeadh ur stocainnean nuair a tha sibh a' seinn 'Tha mo stocainnean fliuch a-nis'. Smèidibh ri chèile gach uair a sheinneas sibh 'Thig a-steach 's thoir dhìot iad'.

### Group Activity

*Stand in a circle. For verse 1 stand up and raise your hands above your head. Wiggle your fingers and move your arms downwards as you sing 'Tha e fliuch a-muigh an-diugh'. Jump up and down as you sing 'A' splaiseadh anns na lònintean'. Shake your arms away from your body in time to the music as you sing 'Tha mo chòta fliuch a-nis'. Kick your feet out away from you body as you sing 'Tha mo bhrògan fliuch a-nis'. Pretend to wring out your socks as you sing 'Tha mo stocainnean fliuch a-nis'. Beckon each other with your hands every time you sing 'Thig a-steach 's thoir dhìot iad'.*